

1540/406

TEISTEAN AIS
NÀISEANTA
2009

DIMÀIRT, 12 CÈITEAN
1.00 F – 2.45 F

EACHDRAIDH
AN ÌRE CHOITCHEANN
Sàr Ìre

Freagair ceistean à Aonad I **agus** Aonad II **agus** Aonad III.

Tagh **aon** Choiteacsan a-mhàin às gach Aonad agus freagair Pàirtean A **agus** B. Tagh na Coitheacsan a tha thu air a bhith ag ionnsachadh.

Seo na Coitheacsan anns gach Aonad:

Aonad I — Atharrachadh Dòigh-beatha an Alba 's am Breatainn

Coitheacsan A: 1750an–1850an Duilleagan 2–3

Coitheacsan B: 1830an–1930an Duilleagan 4–5

Aonad II — Co-Obrachadh agus Còmhstri Eadar-nàiseanta

Coitheacsan A: 1890an–1920an Duilleagan 8–9

Aonad III — Sluagh agus Cumhachd

Coitheacsan C: An Ruis 1914–1941Duilleagan 16–17

Coitheacsan D: A' Ghearmailt 1918–1939Duilleagan 18–19

Cùm àireamhan nam freagairtean a rèir àireamhan a' phàipeir cheist.

Chaidh beagan atharrachaидh a dhèanamh air cuid de na stòran.

AONAD I-ATHARRACHADH DÒIGH-BEATHA AN ALBAINN 'S AM BREATAINN**COITHEACSA A: 1750an-1850an****PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE**

Is e gun do thuit an reat-bàis às dèidh 1750 am prìomh adhbhar gun do dh'èirich àireamh an t-sluaigh.

1. Minich carson a thuit an reat-bàis an Alba eadar 1750 is 1850.

4

Ged a bha buannachd aig cuid às mar a dh'atharraich àiteachas b' e call a bh' aig mòran eile.

2. Dè na dòighean anns an robh cùisean doirbh do chuid air sàillibh nan atharrachaidhean a thàinig air àiteachas an fhearainn?

4

PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH**Seo an cuspair rannsachaidh:**

Nuair a thàinig na factaraidhean rinn sin cùisean san àite-obrach nas fheàrr don luchd-obrach a bha a' dèanamh aodach.

Sgrùd na stòran gu faiceallach agus freagair na ceistean a leanas. Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.

Chaidh **Stòr A** a sgriobhadh leis an eachdraidhe Christopher Culpin ann an “Expansion, Trade and Industry” a chaidh fhoillseachadh ann an 1993.

Stòr A

Feumaidh gun robh e doirbh do dhaoine a bha cleachdte ri bhith ag obair nan dachaighean fàs cleachdte ri dòighean na factaraidh. Bha na h-innealan a bha a' ruith air cumhachd a' ruith uair às dèidh uair. Bha mòran den luchd-obrach a' strì ri cumail suas riutha. Bha riaghailtean uabhasach teann aig na maighstirean is dh'fheumadh an luchd-obrach an rud a rachadh iarraidh orra a dhèanamh no chailleadh iad an obair. Cha robh, ged-thà, gainne idir ann de dhaoine a bha ag iarraidh obair anns na factaraidhean. Bha na tuarastalan nas fheàrr na gheibheadh duine air tuathanas, ach cha robh sin ach nuair a bhiodh an fhactaraidh ag obair. Nuair a bhiodh òrdain gann rachadh cuid den luchd-obrach a chur dhachaigh is cha bhiodh pàigheadh aca idir aig amannan mar sin.

3. Dè cho feumail 's a tha **Stòr A** ann a bhith a' rannsachadh na buaidh a bh'aig factaraidhean air cùisean san àite-obrach aig luchd-obrach an aodaich?

4

Sgrìobh boireannach a thadhail air muileann cotain faisg air Bolton ann an 1844 **Stòr B.**

Stòr B

Tha aodach nas fheàrr is biadh nas fheàrr aig na daoine anns an fhactaraidh na tha aig mòran eile den luchd-obrach. Chunnaic mi gur e togalach mòr a th' anns a' mhuiileann agus gu bheil e uabhasach glan. Tha na rumannan-obrach mòr is tha èadhar ghlan annta. Bha mòran uinneagan anns gach rùm. Dh'fhàg sin mi a' faighneachd dhomh fhèin am biodh cìs uinneagan ri phàigheadh. Chunnaic mi gun robh iad air dèanamh uabhasach cinnteach gun robh geàrdan air innealan cunnartan. Chaidh innse dhomh gur ann fior chorra uair a bhiodh tubaistean anns an fhactaraidh agus gur e gòraich is mì-chùram a b' adhbhar dhaibh. A dh'aindeoin sin bha tubaistean a' tachairt.

Tha **Stòr C** à “A Social and Economic History of England” le P.W.J. Riley, a chaidh fhoillseachadh ann an 1980.

Stòr C

Nuar a thàing Raibeart Owen gu Lannraig Ùr bha an luchd-obrach an aghaidh na bha e a' dèanamh. Mean air mhean, ged-thà, thug e gu a thaobh fhèin iad. Rinn e na muilnean nas mothà agus bha barrachd èadhair annta airson na bha ag obair annta. Mus tainig e, bha clann an-còmhnaidh ag obair ceithir uairean deug gach latha. Gheàrr Owen na h-uairean obrach aig a' chloinn gu deich gach latha. Chuir e leasachadh ri taighean an luchd-obrach is thog e sgoiltean airson an cuid chloinne. Cha toireadh Owen obair do chloinn fo dheich bliadhna a dh'aois, agus bha sin san àm san robh clann sa chumantas ag obair ann am factaraidhean bho aois còig.

Coimhead air Stòran A, B agus C.

4. Dè an fhianais a th' anns na stòran airson taic a thoirt don bharail gun robh cùisean nas fheàrr do luchd-obrach an aodaich san àite-obrach aca nuair a thàinig na factaraidhean?

Dè an fhianais a th' anns na stòran airson taic a thoirt don bharail **nach robh** cùisean nas fheàrr do luchd-obrach an aodaich san àite-obrach aca nuair a thàinig na factaraidhean? 6

5. Dè an ire gu bheil thu ag aontachadh gun robh cùisean nas fheàrr do luchd-obrach an aodaich san àite-obrach aca nuair a thàinig na factaraidhean?

Cleachd fianais **às na stòran** agus **an t-eòlas agad fhèin** gu **co-dhùnadh cothromaitche** a ruighinn. 5

[*CRÌOCH COITHEACSA IA*]

AONAD I-ATHARRACHADH DÒIGH-BEATHA AN ALBAINN 'S AM BREATAINN

COITHEACSA B: 1830an-1930an

PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Is e gun do thuit an reat-bàis aon adhbhar gun do dh'èirich àireamh an t-sluaigh às dèidh 1850.

- Mìnich carson a thuit an reat-bàis an Alba eadar 1830 is 1930.

4

Chuir mòran fàilte air na rèilichean, ach cha do chuir cuid eile.

- Dè na dòighean anns an do rinn leasachadh nan rèilichean cùisean doirbh do chuid?

4

PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Seo an cuspair rannsachaidh:

Nuair a thugadh teicneòlas ùr a-steach rinn sin cùisean nas fheàrr do mhèinnearan a' ghuail san àite-obrach aca.

**Sgrùd na stòran gu faiceallach agus freagair na ceistean a leanas.
Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Chaidh **Stòr A** a sgrìobhadh leis an eachdraidhe Christopher Culpin ann an “Making Modern Britain” a chaidh fhoillseachadh ann an 1987.

Stòr A

Gu ìre bha mèinnearachd nas sàbhailte. Bha na cèidsichean nas fheàrr na bhith a' cur mhèinnearan sios an toll crochte ri ròpa. Rinn an lampa aig Davy cùisean nas sàbhailte cuideachd. A dh'aindeoin sin b' e obair chunnartach a bh' ann am mèinnearachd a' ghuail fhathast. Fad an t-siubhail bha iad ann an cunnart bho thuillean, spreadhaidhean agus mullach a' tuiteam a-steach. Cha robh eòlas meidigeach ann mu na tinneasan-sgamhain marbhtach a thigeadh air mèinnearan air sàillibh a bhith ag obair fad am beatha a' tarraing dust a' ghuail a-steach air an anail. Cuideachd bha a' mhèinnearachd fhathast ga dèanamh gu tur le obair-làimhe: chaidh greis mhath den fhicheadamh linn seachad mus do ghabh innealan àite na piocaidh's na sluasaid.

- Dè cho feumail 's a tha **Stòr A** ann a bhith a' rannsachadh na buaidh a bh' aig teicneòlas ùr air cùisean san àite-obrach aig mèinnearan a' ghuail?

4

Bha Daibhidh Meek ag obair ann am mèinn Hamilton Palace, ann an siorrachd Lannraig, anns na 1920an is na 1930an agus ann an **Stòr B** tha rudan air an robh cuimhn' aige.

Stòr B

Chaidh innealan gearraidh a bh' air an obrachadh le dealan a chleachdad a toiseach ann am mèinn Hamilton Palace ann an 1917. Fad bhliadhna chan cha deach an cleachdad ach beagan. Nuair a thugadh a-steach an toiseach iad cha robh ann ach faicinn dè dhèanadh iad is dè nach dèanadh agus bha call mòr nan cois a thaobh cosgais agus èifeachdais. Ach dh'fhàs sgiobaidean nan innealan eòlach agus bha an gearradair sgoinneil a rinn Anderson and Boyes ag obair trì bliadhna chan gun bhriseadh. B' e obair uabhasach sgreataidh a bh' ann a bhith ag obair leis na h-innealan fad na h-oidhche. Dh'fheumadh sgiobaidean nan innealan cur suas ri fuaim mòr agus dust tiugh cha mhòr gan tachdad. Aig an àm cha robh guth air masgaichean a thoirt dhuinn.

Tha **Stòr C** air a thogail à Her Majesty's Commissioner's Report a chaidh a sgrìobhadh ann an 1881.

Stòr C

Sgrùd na coimiseanairean àireamh de mhèinnean, nam measg an tè aig Blantyre faisg air Glaschu far an do dh'èirich spreadhadh air an 22mh den Dàmhair 1877. Tha sàbhailteachd anns na mèinnean air tighinn air adhart gu mòr thairis air an tritheud bliadhna sa chaidh mar thoradh air barrachd cùram am measg an luchd-obrach agus atharrachaidhean a chaidh a dhèanamh air an uidheam-tarraing. Tha Achd Riaghlaidh nam Mèinnean a thàinig a-steach ann an 1872 air tubaiste an bheagachadh ach tha i cuideachd air cosgais na h-obrach a chur suas. Dh'ainmich aon neach-sgrùdaidh nach robh meas idir an Alba air a bhith a' cleachdad lampaichean-sàbhailteachd. Thuit aon fhianais, "Chan eil feum air lampaichean-sàbhailteachd ann an Alba idir."

Coimhead air Stòran A, B agus C.

4. Dè an fhianais a th' anns na stòran airson taic a thoirt don bharail gun do rinn teicneòlas ùr cùisean nas fheàrr do mhèinnearan a' ghuail san àite-obrach aca?

Dè an fhianais a th' anns na stòran airson taic a thoirt don bharail **nach do rinn** teicneòlas ùr cùisean nas fheàrr do mhèinnearan a' ghuail san àite-obrach aca? 6

5. Dè an ire gu bheil thu ag aontachadh gun do rinn teicneòlas ùr cùisean nas fheàrr do mhèinnearan a' ghuail san àite-obrach aca?

Cleachd fianais **às na stòran** agus **an t-eòlas agad fhèin** gu **co-dhùnadh cothromaithe** a ruighinn. 5

[CRÌOCH COITHEACSA 1B]

AONAD II-CO-OBRACHADH AGUS CÒMHSTRI EADAR-NÀISEANTA

COITHEACSA A: 1890an-1920an

PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Mun àm a thàinig 1914 bha an Roinn Eòrpa gu cinnteach air a roinn na dà champa armaichte.

- Thoir cunntas air na h-aontan is na caidreachais a rinn na Cumhachdan Mòra ro 1914. 4

Nuair a ràinig fiosrachadh mu na cumhnantan a bha sa cho-chòrdadh a' Ghearmailt chuir e uabhas orra, agus bha cuid de na Càirdean a bha a' faireachdann an-fhoiseil.

- Mìnich carson a bha daoine sa Ghearmailt is an àiteachan eile mi-thoilichte le Co-chòrdadh Versailles. 4

PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Tha na stòran a leanas mun bhuaidh a bh' aig a' Chiad Chogadh air muinntir na Gearmailt.

**Sgrùd na stòran gu faiceallach agus freagair na ceistean a leanas.
Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Is e dealbh camara a tha ann an **Stòr A** a chaidh a thogail air sràid ann am Berlin ann an 1917 a' sealltainn dhaoine nan sreathan airson raisean buntàta. Chaidh na faclan san dealbh atharrachadh.

Stòr A



- Dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air a' bhuaidh a bh' aig a' Chiad Chogadh air muinntir na Gearmailt? 4

Tha **Stòr B** ag innse mun bhuaidh a bh' aig a' Chiad Chogadh air muinntir na Gearmailt.

Stòr B

Chan urrainn dhuinn cur suas ris an t-suidheachadh mun bhiadh. Cha tug na geallaidhean aig riaghaltas na Gearmailt dad ach briseadh-dùil dhuinn. Chaidh raisean an arain a bheagachadh as t-earrach. Chan eil buntàta gu lèor air a bhith againn. Tha an t-arm a' fàs gann de na dh'fheumas iad airson cogadh a chur. Airson biadh fhaighinn, tha e na dhòigh-beatha a-nis don mhòr-chuid a bhith a' seasamh ann an sreathan. Chan eil mì-rian idir ann ach daoine nan seasamh le foighidinn ann an sreath. Tha barrachd is barrachd às aonais gu leòr ri ithe agus tha sin a' milleadh slàinte an t-sluaigh.

4. Dè an ìre gu bheil **Stòran A** agus **B** ag aontachadh mun bhuaidh a bh' aig a' Chiad Chogadh air muinntir na Gearmailt?
5. Dè cho iomlan 's a tha **Stòran A** agus **B** a' sealltainn na buaidh a bh' aig a' Chiad Chogadh air muinntir na Gearmailt.

4

5

[CRÌOCH COITHEACSA IIA]

AONAD III-SLUAGH AGUS CUMHACHD
COITHEACSA C: AN RUIS 1914-1941

PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Bha Lenin agus na Boilseabhaich nan nàimhdean cunnartach don Riaghaltas Shealadach san t-Samhain 1917.

(Nota: gus a' cheist seo a fhreagairt bu chòir dhut aiste ghoirid a sgrìobhadh, le grunnan pharagrafan, anns am bi ro-ràdh agus co-dhùnaidhean.)

1. Dè cho fior 's a bhiodh e a ràdh gun do thachair Ar-a-mach an Dàmhair 1917 air sàillibh:

AN DARA CUID

- (a) gun robh a' mhòr-chuid mì-riaraichte le laigsean an Riaghaltais Shealadaich? 8

NO

- (b) gun robh Lenin agus na Boilseabhaich tarraingeach? 8

PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Anns na stòran a leanas tha beachdan dhaoine mu Cho-thuathanas.

**Sgrùd na stòran gu faiceallach agus freagair na ceistean a leanas.
Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Tha **Stòr A** ag innse mu na bha cuid de luchd-tuatha san Ruis a' dèanamh air sàillibh an eagail a bh' orra bho Cho-thuathanas.

Stòr A

Bha an tuath nan èiginn a' falach na b' urrainn dhaibh den ghràn aca. Cha do ràinig mòran den ghràn margaidhean a' bhaile. Bha an tuath a' dol a dhèanamh cinnteach nach faigheadh an Riaghaltas na beathaichean aca. Thòisich na fir air na beathaichean aca a mharbhadh ged bu leisg leotha a dhèanamh. Mharbh iad fiù 's na beathaichean briodaidh a b' fheàrr a bh' aca. Cha robh air fhàgail beò ach leth den chrodh. Ann an suilean gach duine chitheadh tu mar gum biodh toileachas deoch làidir. An dèidh dhaibh na mharbh iad ithe, bha sean is òg riaraichte leis na rinn iad an aghaidh an Riaghaltais.

2. Thoir cunntas air a' bheachd a bh' aig luchd-tuatha na Ruis mu Cho-thuathanas a rèir mar a tha an t-ùghdar ga shealltainn ann an **Stòr A**.

Tha **Stòr B** mu na buaidhean a bh' aig Co-thuathanas.

Stòr B

Bha Stalin air cruth eile a chur air àiteachas Sòibhiatach agus bha milleanan air am beatha a chall air a shàillibh. Bha barrachd gràin, ged a b' ann beag air bheag, a' tighinn bho na co-thuathanais faisg air deireadh nan 1930an. Mu 1937 bha àireamh nam beathaichean air na tuathanais air a dhol suas gu luath. B' e am prìomh adhbhar gun robh an tuath a' coimhead riutha fhèin agus rim beathaichean air thoiseach air càil eile. Bha àireamh an t-sluaigh anns na bailtean-dùthchail air a ghearradh gu brùideil is mar sin bha nas lugha de dhaoine fhathast a' fàs gach tunna de bhiadh. Bha an Riaghaltas a' dèanamh cinnteach gun robh e a' faighinn barrachd gràin gus gum biodh biadh aig na bailtean-gníomhachais is an luchd-obrach a bha a' fuireach anna.

3. Dè an ìre gu bheil **Stòran A** agus **B** ag eas-aontachadh mu Cho-thuathanas?

4

[*CRÌOCH COITHEACSA IIIC*]

AONAD III-SLUAGH AGUS CUMHACHD**COITHEACSA D: A' GHEARMAILT 1918-1939****PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE**

Air an 30mh den Fhaoilieach 1933 chaidh Hitler a thaghadh mar Sheansalair sa Ghearmailt.

(Nota: gus a' cheist seo a fhreagairt bu chòir dhut aiste ghoirid a sgrìobhadh, le grunnan pharagrafan, anns am bi ro-ràdh agus co-dhùnaidhean.)

1. Dè cho fior 's a bhiodh e a ràdh gun do bhuanneach na Nadsaidhean cumhachd san Fhaoilieach 1933 air sàillibh:

AN DARA CUID

- (a) gun robh a' mhòr-chuid mì-riaraichte le Poblachd Weimar? 8

NO

- (b) gun robh Hitler agus na Nadsaidhean tarraingeach? 8

PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Anns na stòran a leanas tha beachdan dhaoine mu Òigridh Hitler.

**Sgrùd na stòran gu faiceallach agus freagair na ceistean a leanas.
Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Tha **Stòr A** ag innse mu na dh'fhiorsaich fear a bha roimhe na bhall de Òigridh Hitler.

Stòr A

Ma bhios daoine eile a' cur às an corp mu cho math 's a bha na làithean aca ann an Òigridh Hitler chan urrainn dhomh a ràdh gur e sin mo bharail-sa. A rèir mo chuimhe-sa bha iad glè throm oirnn. Sa bhuidheann againne cha robh cleasan againn ach eacarsaich armalteach cha mhòr fad an t-siubhail. Fiù 's ro spòrs no losgadh bha againn ri eacarsaich a dhèanamh an toiseach. An aon rud a h-uile latha 's bhiodh tu seachd sgìth dheth. Agus an uair sin am mèarrsadhb gun chreach. B' e peanas a bh' ann 's cha b' e spòrs. Nan sealladh tu an laigse a bu lugha is e tuilleadh eacarsaich a gheibheadh tu! Ach, bha feum anns a' ghòraich seo: bho ar n-òige dh'ionnsaich sinn cruadalachd is ùmhlachd.

2. Thoir cunntas air a' bheachd a bh' aig an duine a sgrìobh **Stòr A** air na bhiodh Òigridh Hitler a' dèanamh.

Tha **Stòr B** ag innse cò ris a bha cùisean coltach ann an Òigridh Hitler.

Stòr B

Bha mise làn de dhealas nuair a chaidh mi gu Òigridh Hitler an toiseach aig aois 10. Cò am balach nach eil làn de bheachdan uasal mu chompanas, onair agus dìlseachd? Agus an uair sin na cuairtean! A bheil dad idir nas laghaiche na bhith a' mealtainn bòidhchead do dhùthcha ann an cuideachd do chompanaich? An-còmhnaidh bha rudeigin eadar-dhealaichte againn ri dhèanamh. Bhiomaid daonnan a' mèarrsadhbh Latha na Sàbaid. Dè an toileachas a bh' againn a bhith air chomas a dhol air na cuairtean ud. A' cluich ball-làimhe no ball-coise anns na pàircean no a' snàmh ann an loch fada air falbh bho ghleadhraich a' bhaile, b' e saorsa a bh' ann ach cuideachd dh'fhàg e sinn làidir agus fallain.

3. Dè an ire gu bheil **Stòran A** agus **B** ag eas-aontachadh mu na bhiodh Òigridh Hitler a' dèanamh?

4

[*CRÌOCH COITHEACSA IID*]

[*CRÌOCH A' PHÀIPEIR CHEIST*]

ACKNOWLEDGEMENTS

Unit II Context A Source A—Photograph of people queuing for rationed potatoes is taken from *Hitler and Germany* by B J Elliott. ISBN 0 582 13793 X. Published by Longman. Reproduced by permission of Ullstein Bild.